

X229/701

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2007

TUESDAY, 29 MAY
1.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh

Roinn (ii): Sgrùdadh

Roinn (iii): Litreachas

Roinn (iv): Eadar-theangachadh

Do not open this question paper until told to do so.

Tha ceithir roinn anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinn a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhran gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhagail airson gach roinn a fhreagairt.



[DUILLEAG BHÀN]

Roinn (i): Sgrìobhadh

**Ùine: 55 mionaid
(moladh)**

Comharraidhean

Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.

1. Blàthachadh na Cruinne. (50)
2. A' feitheamh. (50)
3. Staid slàinte òigridh Bhreatainn. (50)
4. A' bhreug. (50)
5. Toileachas. (50)
6. Tha na meadhanan a' cur an dreach fhèin air an t-saoghal. (50)
7. Mo chiad chuimhne. (50)
8. An tè/ am fear is fheàrr leam air an t-saoghal. (50)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd

Earrann 1—Rosg

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean a tha na cois.

Bidh luchd na Gàidhlig ag ràdh tric is minig nach eil iad airson Gàidhlig a sparradh air daoine. Ged a tha am prionnsapal seo, gu ìre, ceart agus cothromach, is dòcha gu bheil cuid tuilleadh is diùid, tuilleadh is fann, air neo a' cleachdadh a' bheachd seo mar leisgeul. Feumaidh na poileasaidhean leasachaidh cnàimh-droma. Chan eil càil ceàrr
5 no annasach le bhith a' cur uallach laghail air na comhairlean ionadail agus air na buidhnean poblach a thaobh na Gàidhlig (gum bi dleastanas orra poileasaidhean Gàidhlig a dhealbhadh agus a chur an sàs, mar eisimpleir). Tha an dòigh obrach seo cumanta ann an Alba mar-thà — mar eisimpleir, feumaidh gach buidheann poblach poileasaidhean a chur an gnìomh a chùim dìon na h-àrainneachd agus co-ionannachd
10 chothroman adhartachadh.

Tha e annasach dha-rìribh nach eil a h-uile sgoilear anns na h-Eileanan Siar (cridhe na Gàidhlig, a rèir an luchd-riaghlaidh) an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gu bheil siostam an fhoghlaim fhathast a' toirt “taghadh” do phàrantan a bhith a' seachnadh cànan dùthchasach nan eilean. Chan eil an cleachdadh seo idir cumanta
15 ann an sgìrean na Roinn-Eòrpa far a bheil mion-chànain gam bruidhinn. Mar eisimpleir, anns a' Chuimrigh, tha a' Chuimris na cuspair riatanach anns a' churraicealam nàiseanta air feadh na dùthcha, agus chan eil “taghadh” ann. Anns na sgìrean ann an taobh an iar na dùthcha far a bheil a' Chuimris làidir mar chànain na coimhearsnachd, tha foghlam tro mheadhan na Cuimris uile-choitcheann: chan e gu
20 bheilear a' sparradh na Cuimris (no na Beurla) air duine sam bith, ach gu bheil e mar amas aig na h-ùghdarrasan gum bi a h-uile neach-cloinne dà-chànanach ro dheireadh na bun-sgoile.

Is e Achd Ghàidhlig an cnàimh-droma a tha dhìth aig an ìre seo. Is bochd dha-rìribh gu bheil an riaghaltas air a bhith cho leibideach is mì-reusanta mun chùis gu ruige seo.
25 Is e firinn na cùise ge-tà, nach fhaigh a' Ghàidhlig tèarainteachd an cois lagh no poileasaidh no iomairt no ro-innleachd. Tha dàn na Gàidhlig an urra ri luchd na Gàidhlig fhèin.

Air a thoirt à àrtaigil a sgrìobh W. MacLeòid ann an Gath, (Samhradh 2003)

CEISTEAN

1. Ged a tha e ag aontachadh ri luchd na Gàidhlig gu ìre mu bhith a' sparradh Gàidhlig air daoine, dè bheachd a th' aig an sgrìobhadair fhèin? **3**
 2. Dè feum a ghabhadh dèanamh de chomhairlean ionadail agus buidhnean poblach airson a' Ghàidhlig a leasachadh? **3**
 3. Dè an t-iongnadh mòr a th' air an sgrìobhadair a thaobh foghlam anns na h-Eileanan Siar? **2**
 4. Saoil carson a chuir an sgrìobhadair camagan mu na facail:
“cridhe na Gàidhlig, a rèir an luchd-riaghlaidh”? **2**
 5. Dè an t-amas a th' anns a' Chuimrigh a thaobh comas na cloinne ann an cànan? **2**
 6. Dè an co-dhùnadh gu bheil an sgrìobhadair a' tighinn mun Ghàidhlig? **3**
- (15)**

[Tionndaidh an duilleag

Roinn (ii)—Sgrùdadh

Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

Earrann 2— Bàrdachd

Leugh an dàn seo agus freagair na ceistean a tha na chois.

An Taigh-tasgaidh 's an Leabhar

Feumaidh mi dhol chun taigh-tasgaidh
dh'fhaicinn uidheaman m' eachdraidh
a shad mo sheanmhair às,
a shuath mo sheanair
le bhoisean cnapach sgìth
air a' chuairt mu dheireadh
a ghabh e
dhan t-sabhal.

Feumaidh mi dhol chun taigh-tasgaidh
às aonais duslach an fheadair
air m' aodach,
dh'fhaicinn uidheaman m' eachdraidh
mus tèid an leth-shealladh
den leth-sgeul
a th' agam
a dhìth
leis an sguab a th' air cùl mo shàil.

Feumaidh mi leabhar bhith deas air mo shùil
de bhriathran nan làithean a dh'fhalbh,
feumaidh mi leughadh fa chomhair an àm
tha cànan an cunnart dhol balbh.
Feumaidh mi leabhar a dh'innseas dhomh sgeul
nach eil idir air bilean an t-sluaigh,
a dhol gu fear eile son barrachd de dh'fhios
is de thuigse air adhbhar na truaigh.

Le Màiri NicGumaraid

CEISTEAN

1. Seall mar a bha beachdan eadar-dhealaichte aig seanair agus seanmhair a' bhana-bhàird mu na rudan a bhathar a' tilgeil às. Cur taic ri do fhreagairt le briathran às a' chiad rann. **4**
 2. Le taic bho rann 2 seall dè cho fiosrach agus a tha a' bhana-bhàrd mu dheidhinn eachdraidh a daoine fhèin. **3**
 3. Dè tha a' bhana-bhàrd a' ciallachadh le, **“an sguab th' air cùl mo shàil”** agus beachdaich air èifeachdas nam briathran? **3**
 4. Beachdaich air sreathan 1 gu 4 ann an rann 3 agus innis dè tha a' bhana-bhàrd ag ràdh anns na sreathan sin. **2**
 5. Beachdaich air:
“Feumaidh mi leabhar a dh'innseas dhomh sgeul nach eil idir air bilean an t-sluaigh”. **3**
- (15)**

[Tionndaidh an duilleag

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

1. Sgeulachd ghoirid

Tagh dà sgeulachd ghoirid a thug buaidh shònraichte ort fhèin. Thoir geàrr-chunntas orra, minich a' bhuidh a bh' aca ort agus innis ciamar a chaidh aig na sgrìobhadairean air seo a dhèanamh. (50)

2. Sgeulachd ghoirid

Tha còir aig sgeulachd ghoirid toirt air duine bhith smaoinich mu chuspair no suidheachadh. Le bhith beachdachadh air dà sgeulachd ghoirid eadar-dhealaichte, seall mar a chaidh aig na sgrìobhadairean air na cuspairean/suidheachaidhean a thagh iad a chur fa chomhair an leughadair. (50)

3. Bàrdachd

Ainmich dà phìos bàrdachd a sgrìobh aon bhàrd ach a tha air cuspairean eadar-dhealaichte. Seall mar a tha am bàrd a' dèanamh a bheachdan/a beachdan air na cuspairean soilleir tron bhàrdachd. (50)

4. Bàrdachd

Beachdaich air cuspair a tha nochdadh gu tric ann am bàrdachd Ghàidhlig. Thoir iomradh air an dà phìos bàrdachd a b' fheàrr a libhrig an cuspair dhutsa. (50)

5. Nobhail

Chan eil nobhail soirbheachail mur a bheil na leughadairean air an tarraing a-steach do shaoghal an leabhair. An robh a' bhuidh seo aig nobhail Gàidhlig a leugh thu ort fhèin riamh? Thoir iomradh air mar a chaidh aig an sgrìobhadair air seo a dhèanamh. (50)

6. Eachdraidh-beatha

Chan fheum tòrr rudan inntinneach tachairt ann am beatha dhuine airson leabhar math eachdraidh-beatha a sgrìobhadh. Is e sgil an sgrìobhadair an rud as cudthromaiche. Dè do bheachd? (50)

Eadar-theangaich an earrainn a leanas.

For the second time in the last few months, a Royal Mail bus service on Skye has been withdrawn. A Royal Mail spokesman said “staffing problems” were to blame. Royal Mail is not a transport company but a postal service and its number one priority is providing the highest quality of mail service. By concentrating on postal services on this route, Royal Mail will be able to provide a better service to customers.

(20)

Bho artaigil à WHFP 6/10/06

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Roinn (i)	Sgrìobhadh / 50
Roinn (ii)	Sgrùdadh / 30
Roinn (iii)	Litreachas / 50
Roinn (iv)	Eadar-theangachadh / 20
Total	150